

A Song Remembered in Exile: *Annag a Ghaoil, hao ill o, Fear Chanaidh,* agus Eòin G. MacFhionghain

ROBERT DUNBAR

Tha an Dr Iain Seathach air a ràdh gun robh Iain Latharna Caimbeul (1906–1996), no ‘Fear Chanaidh’ mar a dh’aithnichte e, na oide agus na charaid dha, agus is cinnteach gun tug Fear Chanaidh buaidh mhòr air a bheatha agus obair.¹ Fhad ’s a bha an Dr Seathach fhathast anns an àrd-sgoil ann an Ohio, sgrìobh e gu Fear Chanaidh, agus thug Fear Chanaidh cuireadh dha a thighinn a dh’Alba gus ùine a chur seachad leis agus le a bhean, Mairead Fay Sheathach—i fhèin às na Stàitean bho thùs. B’ ann an 1961 a bha sin, agus dhùisg an turas sin ùidh mhòr ann an Iain Òg anns a’ Ghàidhlig agus ann an cultar na Gàidhlig, agus spèis dha na Gàidheil, agus cha do lagaich an ùidh agus an spèis sin a-riamh.² Ach bha an càirdeas eadar an dà Iain, agus eisimpleir Fhear Chanaidh, cudromach ann an dòighean eile. Chaidh Fear Chanaidh a dh’Alba Nuaidh an toiseach ann an 1932, agus thill e iomadh uair as dèidh sin. Bha caraidean aige ann an Ceap Breatainn, agus bha na ceanglaichean sin feumail do dh’Iain Seathach nuair a thug e Alba Nuadh air airson a’ chiad uair, ann an 1963.³ Agus b’ e Fear Chanaidh a’ chiad neach a rinn clàraidhean-fuaime de dh’òrain agus de bheul-aithris Ghàidhlig ann an Alba Nuaidh: chaidh e agus a bhean, Mairead, a dh’Alba Nuaidh ann an 1937 a dh’aona-ghnothach gus clàraidhean a dhèanamh, agus thill iad ann an 1953 agus bho àm gu àm as dèidh sin. Bha fios aig Fear Chanaidh air cho beairteach is a bha dualchas na Gàidhlig ann an Ceap Breatainn, agus gun gabhadh mòran a bharrachd clàraidh a dhèanamh le neach-rannsachaidh dealasach aig an robh ùidh anns a’ Ghàidhlig. B’ e Iain Seathach an neach-rannsachaidh sin.

Anns an aiste seo, thèid sùil a thoirt air dìreach aon dhe na clàraidhean-fuaime a rinn Fear Chanaidh air an turas aige ann an 1937. Air Dihaoine 10 An t-Sultain anns a’ bhliadhna sin, ann an Hogoma,⁴ Eilean Cheap Breatainn, rinn e clàradh-fuaime de dh’òran luaidh; ’s e ‘Annag a Ghaoil, hao ill o’ an tiotal a thug Fear Chanaidh air an òran. Bha an duine a ghabh an t-òran, Eòin G. MacFhionghain, aig aon àm ainmeil ann an saoghal na Gàidhlig, ach mar fhear-deasachaidh agus a chuid sgrìobhaidh seach airson nan comasan seinn aige. Ach aig an àm a chlàraich Fear Chanaidh e, bha dearmad air a dhèanamh air, co-dhiù ann an Alba: sgrìobh Fear Chanaidh gur ann air sàillibh mearachd a rinn an t-Urr. Dòmhnall MacIlleathain, fear-deasachaidh *Typographia Scoto-Gadelica*, a bha sin: chum MacIlleathain a-mach gun tàinig am pàipear-naidheachd a dheasaich MacFhionghain, *Mac-Talla*, gu ceann ann an 1904 air bàs MhicFhionghain.⁵ Ann an 1937, bha MacFhionghain na bhodach agus bha e a’ fulang le droch shlàinte, ach bha e fhathast beò!

¹ ’S e an litreachadh ‘Chanaidh’ (seach ‘Chanaigh’) a chleachd an Caimbeulach fhèin.

² John Shaw, ‘A visit to Canna, South Uist and Barra in 1961’, *West Highland Free Press*, 12 January 2022.

³ John Shaw, ‘Memories of Glendale, Nova Scotia in 1963’, *West Highland Free Press*, 29 January 2025.

⁴ Hogoma (Whycocomagh). Gheibhear fiosrachadh mu ainmean-àite Gàidhlig air a bheil iomradh san artaigil seo aig <https://data.novascotia.ca/Arts-Culture-and-History/Gaelic-Placenames-in-Nova-Scotia/8y56-h92y>.

⁵ John Lorne Campbell, *Songs Remembered in Exile* (Aberdeen: Aberdeen University Press, 1990), 77.

Cha ruigear a leas cus a ràdh mu Fhear Chanaidh: b' e fear dhe na sgoilearan Gàidhlig agus beul-aithris nan Gàidheal a bu chudromaiche agus a b' ainmeile an fhicheadamh linn. Rugadh e ann an Dùn Èideann air a' chiad latha dhen Dàmhair, 1906.⁶ B' e an Còirneal Donnchadh Caimbeul, Fear Inbhir Nèill, fear dhe na h-uaislean Caimbeulach ann an Earra-Ghàidheal, na athair. B' e Ethel Waterbury, tè às na Stàitean Aonaichte, nighean bancair agus fear-gnìomhachais beartach, na mhàthair.⁷ Thogadh Fear Chanaidh ann an Taigh Thaighnis, taigh mòr air oighreachd athar ann an Earra-Ghàidheal, ach coltach ri mòran òigridh uasail eile, chaidh e gu sgoiltean spaideil, prìobhaideach, an toiseach Sgoil Ullachail Cargilfield ann an Dùn Èideann agus an uair sin gu Sgoil Rugby, ann an Sasainn. As dèidh sin, chaidh Fear Chanaidh gu Colaiste Naomh Eòin aig Oithigh Oxford, far an do chuir e crìoch air ceum ann an Eaconomachd Dhùthchail ann an 1929. Ged a chuala e a' Ghàidhlig air oighreachd athar nuair a bha e òg, cha b' ann gus a' bhliadhna 1926 a ghabh e barrachd ùidh anns a' chànan. Nuair a bha e aig na geamannan Gàidhealach anns an Òban, chuala e ceithrear ghillean bho na h-eileanan a bha a' bruidhinn na Gàidhlig ri chèile, agus ann am faclan Iain, 'I had never heard Gaelic spoken like that, and I said to myself "that's something I should have"'.⁸ Fhuair e leasan anns a' chànan le Eachann MacIlleathain, Tirisdeach a bha na mhaor-oighreachd air oighreachd athar, agus nuair a thill e a Oxford, ghabh e clasaichean anns a' chànan le Iain Friseal (1882–1945), Ollamh na Ceiltis aig an oilthigh, a bha na Ghàidheal bho Shiorramachd Inbhir Nis.

Agus dè mu dhèidhinn Eòin G. MhicFhionghain? Rugadh e air 2 An t-Sultain, 1869, ann an Dunakin, Siorramachd Inbhir Nis, Ceap Breatainn, baile beag shuas air cùl Beinn nan Sgitheanach, faisg air Hogoma, agus chaochail ei air 13 Am Faoilleach, 1944, ann an Hogoma. B' e Aonghas MacFhionghain, Sgitheanach a rugadh ann an Cearnasdail,⁹ baile Pheighinn Choinnich, Sgìre Ùige, anns a' bhliadhna 1830, na athair, agus b' e Catriona NicGill'Iosa, bàin-Sgitheanach a rugadh ann an Cille Moire anns a' bhliadhna 1831, na mhàthair. Thogadh MacFhionghain ann an dachaigh anns nach robh ach a' Ghàidhlig ga bruidhinn, ann an sgìre a chaidh a thuineachadh le Sgitheanaich agus daoine bho eileanan beaga Pròstanach eile leithid Thioraidh agus Eilean nam Muc (MacDougall 1972, 456–62, 464–6. 468–70).¹⁰ A-rèir an Ollaimh Teàrlach Dunn bho Oilthigh Harvard, bha MacFhionghain na ghille euslainteach a bha gu math tric tinn, agus cha b' urrainn dha an sgoil a fhrithealadh gu riaghailteach. Fhad 's a bha e glacte aig an taigh, ge-tà, 'he spent his time acquiring information about his Gaelic forefathers'.¹¹ Thogadh MacFhionghain ann an dachaigh a bha beairteach ann an dualchas na Gàidhlig, agus mar a mhinich e fhèin, bhiodh e a' cluinntinn òrain Ghàidhlig fad a bheatha.¹²

⁶ Chaochail e air 25 An Giblean, 1996.

⁷ Ray Perman, *The Man Who Gave Away His Island: A Life of John Lorne Campbell of Canna* (Edinburgh: Birlinn, 2010), 9–10.

⁸ Perman, *The Man Who Gave Away His Island*, 22.

⁹ Chan eil e gu buileach soilleir càite a bheil Cearnasdail. Air seann mhapa a chaidh fhoillseachadh ann an 1824, tha àite fon ainm 'Craigsinsdale' tuath air baile Ùige, agus is dòcha gur e sin baile-breithe athair Eòin: Johnson 1820. Tha mi fada an comain Airt MhicCarraig airson an fhiosrachaidh seo. Bha sinnsearan Aonghas a' fuireach ann an Cuidreach, deas air baile Ùige, ach dh'fhàg Aonghas agus a phàrantan Talla nan Taighean, ann an Gleann Conan, faisg air baile Ùige nuair a chaidh iad a Cheap Breatainn ann an 1840; faic Norman Macdonald agus Cailean Maclean, fir deas., *The Great Book of Skye: From the Island to the World, People and Place on a Scottish Island* (Portree, Isle of Skye: Great Book Publishing, 2014), 256.

¹⁰ Hector MacDougall, *Smeòrach nan Cnoc 's nan Gleann / The Songster of the Hills and the Glens* (Glasgow: Alexander MacLaren & Sons, 1939), 456–62, 464–6, 468–70.

¹¹ Charles W. Dunn, *Highland Settler: A Portrait of the Scottish Gael in Nova Scotia* (Toronto: University of Toronto Press, 1953), 83.

¹² Litir bho MhacFhionghain air 13 An Lùnastal 1937: Canna House Archive, CH2/1/1/14/48.

Thòisich e a dhol dhan sgoil ann an Hogoma, ach fhuair e foghlam àrd-sgoile ann am Baile Shuidni,¹³ aig Acadamaidh Shuidni, far an do dheasaich e pàipear-naidheachd na sgoile, ‘The Sydney Academy Record’. Is coltach gur e seo a dhùisg ùidh MhicFhionghain ann an sgrìobhadh agus foillseachadh, agus aig aois fichead ’s dhà, stèidhich e *Mac-Talla* ann am Baile Shuidni, an aon phàipear-naidheachd Gàidhlig a bh’ againn riamh a thàinig a-mach a h-uile seachdain no a h-uile dàrna seachdain agus a mhair na b’ fhaide na grunn mhìosan. Thàinig *Mac-Talla* a-mach gach seachdain, agus an uair sin gach cola-deug, eadar 1892 is 1904. Cha robh riamh barrachd na mu 1,500 fo-sgrìobhaichean, ach bha iad bho gach àite anns a’ chruinne far an deach na Gàidheil. Eadar 1928 agus 1930, dheasaich MacFhionghain iris Ghàidhlig eile, *Fear na Cèilidh*, a thàinig a-mach gach mìos. A bharrachd air a’ phàipear-naidheachd agus an iris, rinn e eadar-theangachaidhean agus beagan bàrdachd. Uile-gu-lèir rinn MacFhionghain an t-uabhas airson na Gàidhlig: ann am beachd Theàrlaich Dunn, ’s e glè bheag anns an t-Saoghal Ùr a rinn barrachd airson na cànan agus a litreachais, agus cha robh ach aon duine eile, Alexander Maclean Sinclair, a rinn an uiread.¹⁴ ’S e seo am beachd a bh’ aig Fear Chanaidh air:

He was always zealous concerning the Gaelic language and concerning the reputation of the Gaels, and he would not put up with any contempt or disrespect directed at either by anyone. Had he had the opportunity to receive a university education, I am certain that he would have reached the highest levels of scholarship. He didn’t have much worldly wealth, and he was often troubled with bad health and, shamefully, the indifference of many a person who should have been encouraging him.

All Gaels, wherever they may be, should remember Jonathan MacKinnon as a person who stood up for, and fought on behalf of, and worked for his mother tongue and its literature with learning and with patience.¹⁵

Thachair Fear Chanaidh ri MacFhionghain airson a’ chiad uair ann an 1932 aig àm duilich ann am beatha Fhear Chanaidh. Chaochail a bhràthair, Teàrlach, agus chaidh e dha na Stàitean Aonaichte le a mhàthair gus dust Theàrlaich adhlacadh ann an cladh teaghlach a mhàthar, ann an Darien, Connecticut. Thug a sheanmhair airgead dha, gus cuairt a ghabhail mus deach e fhèin agus a mhàthair air ais a Bhreatainn, agus chuir e roimhe a dhol a dh’Alba Nuaidh,¹⁶ far an deach iomadh Gàidheal bhon chairteal mu dheireadh dhen 18mh linn suas gu meadhan an 19mh linn, ‘to discover the lie of the land’, na fhaclan fhèin.¹⁷

Ràinig e Baile Shuidni, Ceap Breatainn, air Diluain, 11 an Giblean, far an do thachair e ri Dòmhnall MacFhionghain, bràthair Eòin, agus chuir Fear Chanaidh eòlas air Eòin fhèin air an ath latha. A reir Fhear Chanaidh, bha MacFhionghain meadhanach àrd, plocagach, agus car mall na ghluasad agus na chainnt, le blas Canadach air a’ Bheurla aige agus blas Sgitheanach air a’ Ghàidhlig aige.¹⁸ Bha an t-uabhas eòlais aig MacFhionghain mu eachdraidh agus cor na Gàidhlig ann an Alba Nuaidh agus ann an Eilean a’ Phrionnsa, agus thug MacFhionghain fios do dh’Fhear Chanaidh mu shuidheachadh na Gàidhlig anns na sgoiltean agus anns na h-eaglaisean, mu àireamhan luchd-labhairt agus crìonadh choimhearsnachdan, mun bhàrd ionadail, Coinneach MacFhearghais, agus mun Urr. Tormod MacLeòid (1780–1866), a thug mu cheud gu leth duine bhon a’ cho-thional aige ann an Ceap Breatainn gu Sealann Nuadh ann an 1851.¹⁹

¹³ Baile Shuidni (Sydney).

¹⁴ Dunn, *Highland Settler*, 87.

¹⁵ Fear Chanaidh [John Lorne Campbell], ‘Mac Talla’, *An Gàidheal* 45 (January 1950): 3.

¹⁶ Perman, *The Man Who Gave Away His Island*, 12–13.

¹⁷ Campbell, *Songs Remembered*, 2.

¹⁸ Fear Chanaidh, ‘Mac Talla’, 3.

¹⁹ Airson barrachd fiosrachaidh mu MhacLeòid, faic Flora MacPherson, *Watchman Against the World: The Story of Norman McLeod and His People*. Halifax, N. S.: Breton Books, 1993.

Air an ath latha, 13 An Giblean, thug MacFhionghain dha leth-bhric de *Fear na Cèilidh*, an iris mhìosail Ghàidhlig a dheasaich MacFhionghain eadar 1928 agus 1930, dreachd de dh'aiste a sgrìobh MacFhionghain a bha, am beachd a' Chaimbeulaich 'of no small interest' mu thuineachadh Gàidhealach ann an Ceap Breatainn, agus dreachd de dh'aiste eile a sgrìobh MacFhionghain mu eachdraidh nan Gàidheal. Gheall MacFhionghain gum lorgadh e leth-bhric de *Mac-Talla* do Fhear Chanaidh, agus thug e seachad beagan fiosrachaidh mu na fiachan a bh' air nuair a sguir e leis a' phàipear-naidheachd sin. Bhruidhinn iad mu dhualchainntean na Gàidhlig ann an Ceap Breatainn, mu Chloinn Mhuirich, an teaghlach bàrdail ainmeil às Uibhist, cuid dhiubh a thàinig dhan eilean, mu na Mi'kmaq, tùsanaich an eilein aig an robh talamh fhathast ann an Hogoma, agus thug MacFhionghain dha an aiste a sgrìobh e mu eachdraidh Cheap Breatainn,²⁰ agus an t-eadar-theangachadh a rinn e dhen stòiridh a sgrìobh Leo Tolstoy, 'Far am bi Gràdh, bidh Dia' ['Where Love Is, God Is'].²¹

Thachair Fear Chanaidh ri MacFhionghain aon uair eile air an turas seo, air feasgar Diardaoin 14 An Giblean. Thug MacFhionghain dha leth-bhric de *Mac-Talla*, bhruidhinn iad air eachdraidh na h-Alba, agus thug MacFhionghain dha eisimpleirean de dh'fhaclan àraidh ann an Gàidhlig Cheap Breatainn.²² Chaidh Fear Chanaidh a Shanndraigh (Iona, sa Bheurla) air an ath latha, agus an uair sin dhan a' Bhaile Mhòr,²³ mus deach e gu Baile Québec, Montréal agus Toronto.²⁴

As dèidh do Fhear Chanaidh tilleadh a dh'Alba, thòisich e agus MacFhionghain a sgrìobhadh dha chèile—b' ann air 22 an t-Ògmhios 1932 a sgrìobh MacFhionghain a' chiad litir gu Fear Chanaidh—agus lean an conaltradh seo eatorra gu faisg air deireadh beatha MhicFhionghain. Beagan agus bliadhna as dèidh do Fhear Chanaidh tilleadh o Chanada, air 4 An Lùnastal, 1933, chaidh e a Bharraigh. Bha e an dùil ri trì seachdainean de làithean-saora anns an eilean, ach dh'fhuirich e ann gus an do cheannaich e eilean Chanaidh ann an 1938.²⁵ Fhad 's a bha e ann am Barraigh, chuir e eòlas air Mairead, a bha a' fuireach ann an Uibhist a Deas, a' clàradh òrain Ghàidhlig agus beul-aithris,²⁶ agus phòs iad anns an Ògmhios, 1935.²⁷ Bha Fear Chanaidh fhèin trang anns na bliadhnaichean seo, a' clàradh òrain agus beul-aithris ann am Barraigh, Èiriseigh agus Uibhist a Deas.

A thaobh a' chonaltraidh eadar MacFhionghain agus Fear Chanaidh, cha d' fhuair e lorg air na litrichean a sgrìobh Fear Chanaidh gu MacFhionghain, ach tha fichead is a h-ochd litrichean bho MhacFhionghain anns an tasglann aig Taigh Chanaidh²⁸. Chithear anns na litrichean seo gun do dh'fhàs an càirdeas eadar an dithis fhear; chuireadh MacFhionghain tòrr fiosrachaidh gu Fear Chanaidh mun a'

²⁰ Chan eil e cinnteach dè an aiste a tha seo, ach cha tuirt Fear Chanaidh gur e dreachd no làmh-sgrìobhainn a bh' ann. Le sin, tha seansa ann gur e aiste a chaidh a chur an clò a bh' ann, is dòcha an tè seo: Eòin MacFhionghuin, 'Na Gàidheil an Ceap Breatainn', ann an C. W. Vernon, *Cape Breton, Canada, at the Beginning of the Twentieth Century* (Toronto: National Publishing Co., 1903), 72–81; faic Campbell, *Songs Remembered*, 25–26.

²¹ Eòin G. MacFhionghuin, *Far am bi Gràdh, bidh Dia* (Sydney, C.B.: Donald MacKinnon, 1924); Campbell, *Songs Remembered*, 26.

²² Campbell, *Songs Remembered*, 29.

²³ Am Baile Mòr, Antiginis (Antigonish). Gheibhear fiosrachadh mu ainmean-àite Gàidhlig air a bheil iomradh san artaigil seo aig <https://data.novascotia.ca/Arts-Culture-and-History/Gaelic-Placenames-in-Nova-Scotia/8y56-h92y>.

²⁴ Campbell, *Songs Remembered*, 29–32.

²⁵ Perman, *The Man Who Gave Away His Island*, 33, 86–97.

²⁶ Chaidh cuid dhen stuth a chlàraich i a chur an clò; faic Margaret Fay Shaw, *Folksongs and Folklore of South Uist* (London: Routledge and Kegan Paul, 1955). Mun àm seo ann am beatha Iain Latharna Chaimbeul agus Mairead, faic Perman, *The Man Who Gave Away His Island*, 47–59, agus airson barrachd mu bheatha Mairead, faic Margaret Fay Shaw, *From the Alleghenies to the Hebrides: an autobiography* (Edinburgh: Birlinn, 1999).

²⁷ Perman, *The Man Who Gave Away His Island*, 60.

²⁸ Canna House Archive, CH2/1/1/14/48.

Ghàidhlig ann an Canada, agus chumadh Fear Chanaidh fios dha MhacFhionghain mu ghnothaichean na Gàidhlig ann an t-seann dùthaich. Chuir MacFhionghain leth-bhric de *Mac-Talla* gu Fear Chanaidh, agus chuir Fear Chanaidh leabhraichean Gàidhlig, leithid a' chruinneachaidh de dh'òrain a rinn Seonaidh Caimbeul à dh'Uibhist a Deas a dheasaich Fear Chanaidh, gu MacFhionghain. A rèir litrichean MhicFhionghain, bha iad an dùil ri dà chruinneachadh dhe na sgrìobhaidhean aig MacFhionghain a chur an clò, pròiseact nach tàinig gu buil, ach taing do chuideachadh Fhear Chanaidh, chaidh eadar-theangachaidhean a rinn MacFhionghain air na sgeulachdan *The Other Wise Man*, le Henry van Dyke (1852–1933), agus *The Three Strangers*, le Thomas Hardy (1840–1928) a chur an clò.²⁹

Ann an 1937, thàinig Fear Chanaidh air ais a dh'Alba Nuaidh, an turas seo leis a' bhean, Mairead. Bha Fear Chanaidh ag iarraidh cèilidh a dhèanamh air cuid dhen fheadhainn air an do chuir e eòlas ann an 1932, ach cuideachd a chlàradh òrain agus beul-aithris a thug na h-eilthirich leotha bhon t-seann dùthaich agus a bha fhathast beò am measg sliochd nan eilthireach. A bharrachd air sin, bha ùidh aige ann an eisimpleirean de dhualchainntean bhon t-seann dùthaich a chaidh a ghlèidheadh anns an dùthaich ùir.³⁰ As t-samhradh, sheòl iad a Bhaile Québec—thug iad leotha an car aca, Vauxhall—agus dhràibh iad gu Alba Nuaidh, far an do dh'fhuirich iad fad sia seachdainean. Chlàraich Fear Chanaidh air an Ediphone aige na chad is a còig òrain a thàinig bhon t-seann dùthaich bho thùs, deich òrain a chaidh a dhèanamh ann an Alba Nuaidh, agus caochladh rudan eile. Dheasaich agus chlò-bhuail Fear Chanaidh an stuth seo anns an leabhar *Songs Remembered in Exile* a chaidh fhoillseachadh ann an 1990. Tha na clàraidhean seo air leth luachmhor, oir b' iad na ciad chlàraidhean de dhualchas nan Gàidheal ann an Alba Nuaidh a chaidh a dhèanamh, agus tha iad a' toirt dhuinn sealladh annasach de stòr agus stoidhlichean seinn a bh' aig cuid dhe na beulaichean a bu chudromaiche ann an Alba Nuaidh aig an àm, obair air an do thog an Dr Iain Seathach gu mòr.

Ràinig na Caimbeulaich Ceap Breatainn tràth anns an t-Sultain, agus is coltach gur ann air MacFhionghain, ann an Hogoma, a rinn iad a' chiad chèilidh, air 10 An t-Sultain, agus b' e cèilidh gu math feumail dhaibh a bh' ann. Fhuair Fear Chanaidh tòrr a bharrachd fiosrachaidh bho MhacFhionghain mu chor na Gàidhlig ann an Alba Nuaidh is Eilean a' Phrionnsa, fiosrachadh feumail mu chultar nan Gàidheal, agus fiosrachadh mu obair-sgrìobhaidh MhicFhionghain fhèin. Dh'fhaighnich Fear Chanaidh dha mu òrain agus sgeulachdan, agus thuirt MacFhionghain dha gun robh fhathast fèill mhòr air na h-òrain agus gun robh mòran dhiubh a rinneadh ann an Ceap Breatainn. Thuirt e gun robh gu leòr fìdhlearan barraichte ann an Siorramachd Inbhir Nis, ach nach robhar ag innse nan sgeulachdan tuilleadh.³¹ Tha fhios againn bho obair Iain Sheathaich agus luchd-cruinneachaidh beul-aithris eile gum biodh fhathast gu leòr dhaoine aig an robh sgeulachdan ann an Ceap Breatainn aig an àm, ach a thaobh nan sgeulachdan mòra, is coltach nach robhar gan innse ach gu math ainneamh aig an àm.³²

Chuir na Caimbeulaich agus MacFhionghain seachad an latha a' dèanamh chèilidhean ann an sgìrean faisg air Hogoma. Rinn iad tadhal air Niall MacFhionghain agus a theaghlach ann an Gleann nam Màgan,³³ dachaigh far an deach, ann am faclan Fhear Chanaidh, dualchas seinn anns a' Ghàidhlig a

²⁹ John Lorne Campbell, *Sgeul an Draoidh eile* (Dun Phàrlain: I. B. MacAoidh, 1938); Jonathan G. MacKinnon, *An Triùir Choigreach* (Sydney, C.B.: Donald MacKinnon 1944).

³⁰ Campbell, *Songs Remembered*, 16.

³¹ 'The songs are still popular and there are many current that were composed in Cape Breton. There are also some excellent fiddlers in this county (Inverness). But the old stories, *sgeulachdan*, have gone quite out of fashion' (Campbell, *Songs Remembered*, 41).

³² Litir bho MhacFhionghain air 13 An Lùnastal 1937: Canna House Archive, CH2/1/1/14/48.

³³ Gleann nam Màgan (Ainslie Glen).

chumail suas. A rèir Fhear Chanaidh, b' e gille òg, aois dà bhliadhna dheug, fear dhe na seinneadairean a b' fheàrr a chuala iad. B' ann à Eilean nam Muc a bha sinnsearan an teaghlaich. Sgrìobh Fear Chanaidh gun cuala iad cuid dhe na h-òrain a rinn Calum MacGill'Ìosa, bàrd ainmeil à Bràigh na h-Aibhne,³⁴ Siorramachd Inbhir Nis, Ceap Breatainn,³⁵ agus grunn òran a thàinig bhon t-seann dùthaich. Chaidh fear dhe na h-òrain a chuala iad aig Niall MacFhionghain, 'Càite an-diugh a bheil mo dhilsean', fhoillseachadh ann an *Songs Remembered in Exile*.³⁶ Rinn iad cèilidhean air grunn theaghlaichean eile faisg air Hogoma agus air taobh an Ear Loch Ainslidh, iad uile nam Fionghanaich agus sìol nam Mucanach. Aig Loch Ainslidh an Ear, chlàraich Fear Chanaidh Eòin MacFhionghain agus Niall D. MacFhionghain ag aithris 'Tiugainn a dh'ìomain', còmhraidh a nochd ann an *Songs Remembered in Exile*,³⁷ agus ann an Gleann nam Màgan rinn Fear Chanaidh clàradh eile a nochd anns an leabhar sin, tionndadh dhen duanag altraim 'Dèan Cadalan Sàmhach' a rinneadh, a rèir choltais, leis a' bhàrd Tàileach, Iain mac Mhurchaidh, mun bliadhna 1774, fhad 's a bha e ann an Carolina mu Thuath.³⁸ Is soilleir gun do dh'fhàg na cèilidhean seo Fear Chanaidh ann an deagh shunnd: sgrìobh e gun do ghlèidh Gàidheil Cheap Breatainn nòsan aoi gheachd Gàidhealaich a b' fheàrr, agus gur gann gum faigheadh coigreach àite far am faigheadh e fàilte leis an uiread de choibhneas, gu h-àraidh nan robh a' Ghàidhlig aige.³⁹ B' ann air an latha seo a chlàraich Fear Chanaidh MacFhionghain a' gabhail 'Annag a Ghaoil, hao ill o'. B' ann an Hogoma a rinneadh an clàradh; le sin, feumaidh gur ann aig toiseach an latha, mus deach iad air an cuairt, no aig deireadh an latha, as dèidh dhaibh tilleadh, a rinneadh e.

Fhad 's a bha iad còmhla, dh'fhaighnich Fear Chanaidh mu òrain a chaidh a dhèanamh ann an Alba, agus gu h-àraidh mu na h-òrain luaidh, agus co-dhiù an robh cuimhne aig Gàidheil Cheap Breatainn air na seann òrain luaidh a thàinig bhon t-seann dùthaich—mar a chì sinn, b' e an t-òran a ghabh MacFhionghain fear dhiubh sin. Chaidh innse dha gun robh gu leòr dhiubh aig sìol nam Barrach agus nan Uibhisteach a bha a' fuireach air cladaichean Loch Mòr nam Barrach⁴⁰ air nach robh muinntir Hogoma agus Loch Ainslidh eòlach,⁴¹ agus gum biodh 'froilig'—am facal a chleachdas Gàidheil Cheap Breatainn fhathast air luadh—ann an Abhainn a Tuath, air Cladach a Tuath, sgìre anns an do thuinich muinntir Leòdhais agus na Hearadh. Nuair a dhealaich iad, chaidh Fear Chanaidh agus Mairead dhan a' froilig, agus an uair sin chaidh iad dhan Chaolas Mhòr, no Caolas nam Barrach,⁴² gus

³⁴ Bràigh na h-Aibhne (South West Margaree).

³⁵ Chaidh cruinneachadh dhe na h-òrain aig MacGill'Ìosa agus bàird ionadail eile a chlàradh bhualadh dà bhliadhna as dèidh turas nan Caimbeulach: faic MacDougall, *Smeòrach nan Cnoc*, 1939.

³⁶ Campbell, *Songs Remembered*, 85–87. Is soilleir gur e òran ionadail a bh' ann mu dhèidhinn crìonadh an t-sluaigh anns an Abhainn Mheadhanaich, Siorramachd Inbhir Nis, ach stèidhichte air sèisd agus fonn bhon t-seann dùthaich.

³⁷ Campbell, *Songs Remembered*, 80–81. Mar a mhinich Fear Chanaidh, chaidh an còmhraidh iomraiteach seo a chlàradh le Iain Seathach bhon aithris aig Eòs MacNèill, 'Eòs Nill Bhig'; faic Joe Neil MacNeil agus John Shaw, *Tales until Dawn / Sgeul gu Latha: The World of a Cape Breton Story-Teller* (Montréal: McGill-Queen's University Press, 1987), 390; tha gu leòr eisimplearan dheth bhon t-seann dùthaich, cuideachd.

³⁸ Faic Màiri Sine Chaimbeul, *Iain mac Mhurchaidh: The life and work of John MacRae, Kintail and North Carolina* (Scottish Gaelic Texts Society, 2020), 236–239.

³⁹ 'Here I may say that the Gaels in Cape Breton have preserved the best traditions of Highland hospitality. There can be few places where a stranger is received with so much kindness, especially if he has a knowledge of Gaelic' (Campbell, *Songs Remembered*, 41–42).

⁴⁰ Loch Mòr nam Barrach (Lake Bras d'Or). Faic Campbell, *Songs Remembered*, 42.

⁴¹ Ann an litir a sgrìobh MacFhionghain gu Fear Chanaidh goirid ro thuras nan Caimbeulach, thuirt MacFhionghain gun robh e na bhrìtheamh aig co-fharpais seinn ann an Santraigh, Ceap Breatainn (Iona) beagan bhliadhnaichean roimhe sin, agus nach cuala e riamh roimhe an darna leth dhe na trì fichead is a sia òrain a chaidh a ghabhail: 13 An Lùnastal 1937, Canna House Archive, CH2/1/1/14/48.

⁴² Campbell, *Songs Remembered*, 45.

clàraidhean a dhèanamh le sìol nam Barrach is nan Uibhisteach. Rinn iad clàraidhean ann an Eilean na Nollaig, Còbh a' Bhiobhair, Pon na Maiseadh, Glasbaigh, agus Baile Shuidni, agus an uair sin chaidh iad gu Louisbourg, gus làrach na seann daingniche Frangaich fhaicinn.⁴³

B' ann às dèidh sin a thàinig iad air ais a Hogoma, a dh'aona-ghnothach gus soraidh-slàn fhàgail aig MacFhionghain, a ghabh, a rèir Fhear Chanaidh, ùidh mhòr anns an obair aca fad an turais, agus a bha ag iarraidh an cruinneachadh aca fhaicinn mus do dh'fhàg iad an t-eilean.⁴⁴ Bha na Caimbeulaich cuideachd an dòchas gun cuireadh MacFhionghain ann an aithne a chèile iad agus cuid dhe na tùsanaich Mi'kmaq, a bha a' fuireach ri taobh Hogoma, oir bha iad ag iarraidh cànan nam Mi'kmaq a chlàradh agus, is dòcha, rud sam bith a sheinneadh na Mi'kmaq dhaibh. Chaidh MacFhionghain leotha gus cèilidh a dhèanamh air Gabriel Syllibuy, ceann-cinnidh nam Mi'kmaq ann an Hogoma, far an do chlàraich iad a' chànain, agus aithris a chuala Syllibuy aig a sheanair air mar a thàinig na Gàidheil dhan sgìre an toiseach. Chlàraich iad cuideachd nabaidh Syllibuy, Levi Poulette, a ghabh laoidhean ann an cànan nam Mi'kmaq. B'e seo an turas mu dheireadh a chunnaic MacFhionghain agus na Caimbeulaich a chèile, ged bhiodh MacFhionghain agus Fear Chanaidh a' sgrìobhadh gu cunbhalach dha chèile as dèidh an dealachaidh seo.

Agus dè mu dheidhinn an òrain a ghabh Eòin MacFhionghain nuair a chunnaic na Caimbeulaich e aig toiseach an turais? A rèir na meatarachd, 's e òran luaidh a th' ann: tha trì sreathan anns an t-sèist, agus na h-aon fhaclan anns a' chiad agus anns an treas loidhne, le gu leòr fhaclan gun bhrìgh (vocables) anna, agus dìreach aon loidhne anns gach rann, le gach loidhne ceangailte ri chèile le comhardadh-deiridh.⁴⁵ Ghabh MacFhionghain an t-sèist agus seachd rannan (faic *Figear 1*):⁴⁶



Fig. 1. 'Annag a' Ghaoil, hao ill o' mar a chaidh a chlàradh bho Eòin MacFhionghain, Hogoma, 10/9/37.

Annag a ghaoil, hao ill ó
 Hao ill o ro bha ho o
 Annag a ghaoil, hao ill ó
 An cuala sibhs' mar dh'éirich dhomh? (*dà uair*)

⁴³ Caolas nam Barrach (Grand Narrows); Eilean na Nollaig (Christmas Island); Còbh a' Bhiobhair (Beaver Cove, Victoria County); Pon na Maiseadh (Benacadie); Glasbaigh (Glac Bay).

⁴⁴ '[T]hroughout our stay in Cape Breton [MacKinnon] had taken the greatest interest in our work and had expressed the desire to see our collection before we left the island' (Campbell, *Songs Remembered*, 47–48).

⁴⁵ James Ross, 'The Sub-Literary Tradition in Scottish Gaelic Song-Poetry', *Éigse* 7 (1953–55): 220–221, 233–234; William Gillies, 'The Form of Scottish Gaelic Poetry', in Carla Sassi (ed.), *The International Companion to Scottish Poetry* (Glasgow: Scottish Literature International, 2016), 98–99.

⁴⁶ Campbell, *Songs Remembered*, 79.

A SONG REMEMBERED IN EXILE

Annag a ghaoil, hao ill ó
Hao ill o ro bha ho o

Mar a dh'fhalbh iad leis an dròbh,
Bhris an t-acair, shrac an seòl,
Chaill mi m' athair is m' fhear pòst',
Chaill mi mo thriùir bhràithrean òg.
Uisid a nighean, sguir dhe d' bhròn,
Fhir an taighe, faigh an stop!

Is coltach gur e criomag de dh'òran na b' fhaide a th' ann, ach is soilleir gur ann mu thubaist mara a tha e, anns an deach grunn fhireannach, iad uile càirdeach ri ùghdar (gun urra) an òrain, a bhàthadh.

Anns an leabhar *Songs Remembered in Exile*, thug Fear Chanaidh iomradh air òran luaidh eile a nochd anns a' chiad iom-leabhar dhen chruinneachadh a dheasaich e fhèin is Francis Collinson, *Hebridean Folksongs*, 'S fhada bhuam a chì mi 'n ceò'.⁴⁷ Fhuair Fear Chanaidh an t-òran seo anns na làmh-sgrìobhainnean aig Ailean Dòmhnallach (1859–1905), 'Maighstir Ailean', sagart Èirisgeigh, agus fhuair Maighstir Ailean e bhon t-seinn aig Catriona Nic an t-Saoir, Èirisgeigh.⁴⁸ Cho math ris a' chlàradh a rinn e le MacFhionghain, rinn Fear Chanaidh fhèin clàraidhean dhen òran luaidh seo ann an Alba: fear a rinn e le Màiri, 'Bean Dhonnchaidh MhicAonghais', An Rubha Bàn, Èirisgeidh, ann an Èirisgeidh air an dàrna latha dhen Ghiblean, 1951;⁴⁹ agus fear eile a rinn e le Màiri, Bean Ailig MhicIain, 'Màiri Mhòr Iain Choinnich', An Gleann, Eilean Bharraigh, ann am Bàgh a' Chaisteil, air an còigeamh latha dhen Ghiblean 1951.⁵⁰ Seo na faclan a dh'fhoillsich Fear Chanaidh agus Collinson ann an *Hebridean Folksongs*, stèidhichte air an teacsa ann an làmh-sgrìobhainnean Mhaighstir Ailein:⁵¹

Hó i rì i lù i leò
Hó, hó, i iù ra bhò ho,
Hó i rì i lù i leò.

'S fhada bhuam a chì mi 'n ceò,
Hó i rì i lù i leò . . .
Chì mi Bheinn Bheag 's a' Bheinn Mhór,
Chì mi 'n driùchd air bhàrr an fheòir.
An cuala sibh mar dh'éirich dhòmhs'?'
Bhris an rachdan, shrac an seòl,
Dh'fhalbh na croinn 'sa chuan mhór,
Dh'fhalbh na b' fhaide leam na seòid.

⁴⁷ John Lorne Campbell and Francis Collinson, *Hebridean Folksongs: A Collection of Waulking Songs made by Donald MacCormick* (Oxford: Clarendon Press, 1969), Òran XXXVIII, 154.

⁴⁸ Campbell agus Collinson, *Hebridean Folksongs*, 193. Tha Campbell agus Collinson cuideachd ag ràdh gun robh tionndadh grinn dhen òran ann an Marjory Kennedy-Fraser and Kenneth MacLeod, *From the Hebrides: Further gleanings of tale and song* (Glasgow: Paterson's Publications, 1925), 60, anns an robh a' chiad ceithir loidhnichean co-ionnann, ach bha iad dhen bheachd gur ann à òran eile a bha an seist agus am fonn.

⁴⁹ Campbell agus Collinson, *Hebridean Folksongs*, 337; faic cho math Tobar an Dualchais (TanD), àireamhan a' chlàir 33647 agus 62768. A thuilleadh air a sin, chaidh an t-òran a chlàradh le Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach aig Ciorstaidh NicFhionghain (1893–1968), 'Ciorstaidh Mhurchaidh Eachainn, Bantrach Aonghais Uilleim', ann am Malacleit, Uibhist a Tuath (TanD àireamh a' chlàir 105073); aig Ceit NicCarraig, 'Ceit Nèill 'ic Sheumais 'ic Iain 'ic Dhòmhnaill', no 'Ceit a' Bhota', ann an Cladach Bhalaigh, Uibhist a Tuath (TanD àireamh a' chlàir 22449); agus aig Peanaidh Mhoireastan (1906–1990), 'Peanaidh Bheag', anns an Iochdar, Uibhist a Deas (TanD àireamh a' chlàir 71838).

⁵⁰ Campbell agus Collinson, *Hebridean Folksongs*, 338; Tobar an Dualchais, àireamh a' chlàir 88960.

⁵¹ Campbell agus Collinson, *Hebridean Folksongs*, 154–155.

Ge math leam mac m' athar beò,
 Mac mo mhàthar rinn mo leòn,
 E bhith 'san fheamainn gun deò,
 'S nach giùlain a cholainn clò,
 'S nach giùlain a chas a bhròg!
 'Illean cridheil, bithibh còir,
 Tadhlamaid ann as taigh-òsd,
 Fair a' ghlainne, lìon an stòp!
 Luadhadh nam boineidean mu'n bhòrd,
 Cuireamaid air chùl am bròn,
 Cha doir caoineadh daoine beò.

Bha Fear Chanaidh dhen bheachd gun robh dà fhonn eadar-dhealaichte air an òran, ach a rèir nan clàraidhean fhèin, is coltach gu bheil ceangal ann eatorra.⁵²

Tha an aon mheatarachd anns an tionndadh seo ris a' mheatarachd ann an tionndadh MhicFhionghain: trì loidhnichean anns an t-sèist (ach le faclan gun bhrìgh a-mhàin anns an tionndadh seo) agus aon loidhne anns gach rann, iad uile ceangailte ri chèile le comhardadh-deiridh. Anns an tionndadh seo, gheibhear cunntas nas iomlaine air an tubaist, agus, is dòcha, fiosrachadh mun sgìre anns an do thachair an tubaist no anns an robh an t-ùghdar agus an fheadhainn a chaidh a bhàthadh a' fuireach, ged nach eil fhios againn le cinnt cò 'a' Bheinn Bheag' agus 'a' Bheinn Mhòr' air an tugadh iomradh. Aig deireadh tionndadh MhicFhionghain, thugadh iomradh air deoch, ann an taigh-òsta, is coltach. Tha an aon sheòrsa dùnaidh anns an tionndadh seo ann an *Hebridean Folksongs*, ach le fada a bharrachd fiosrachaidh mun adhbhar a bha daoine anns an taigh-òsta—seòrsa de fhaire, is coltach. A dh'aindeoin nan diofaran, tha grunn loidhneachan anns an dà thionndadh a tha co-ionnann no gu math coltach ri chèile.

Anns na nòtaichean aig deireadh 'Annag a ghaoil', thug Fear Chanaidh iomradh air tionndadh eile dhen òran a nochd anns a' chruinneachadh bheag luachmhor de dh'òrain luaidh a dheasaich K.C. Craig, *Órain Luaidh Màiri nighean Alasdair*. Fhuair Craig gach òran anns a' chruinneachadh seo bhon aon sheinneadair, Màiri Dhòmhnaillach, à Snaoiseabhal, Uibhist a Deas. Seo an tionndadh aice:⁵³

hó hi rì hi liù hi leò
hó hó hi iù bhó ho
hó hi rì hi liù hi leò

'S fhada bhuam chì mi an ceò.
 Chì mi an Cuileann, chì mi an Crò,⁵⁴
 Chì mi Muile nam beann mór,

⁵² Campbell and Collinson, 193 agus 337–338. Chithear tar-sgrìobhaidhean de chuid dhe na tionndaidhean anns an càrr-ràdh, agus cluinnear iad uile, seach an tionndadh aig MacFhionghain, anns na ceanglaichean gu Tobar an Dualchais no Youtube, a chithear anns an teacsa seo.

⁵³ K. C. Craig, *Órain Luaidh Màiri nighean Alasdair* (Glasgow, Alasdair Matheson & Co., 1949), 100.

⁵⁴ Chan eil e soilleir dè as ciall dha na faclan seo. Tha 'cuileann' a' ciallachadh 'holly', agus is dòcha gur e sin ciall an fhacail seo. Ach chleachd Craig litir mhòr, mar gur e ainmear sònrachaidh a th' ann. Is coltach gur e 'Cuillin' a th' ann an 'Cuileann', ged 's e 'Cuiltheann' an dòigh-litreachaidh àbhaisteach anns a' Ghàidhlig. Is coltach gur e ainm-àite a th' anns a' Chrò, oir chaidh litir mhòr a chleachdadh aig toiseach an fhacail, agus is coltach gur e àite ann an Cinn t-Sàile a tha seo. Ann am faclair Dwelly, chithear na leanas: "cho fad is a bhitheas monadh an Ceann t-Sàile, cha bhi MacCoinnich gun àl sa chrò", as long as there are moors in Kintail, MacKenzie will not want cattle in the pen — crò has a double meaning here, being also the name of a place in Kintail, girt with hills and from which the river Crò is named": faic Edward Dwelly, *The Illustrated Gaelic English Dictionary* (Edinburgh: Birlinn, 2001), 274, s.v. 'crò'.

Chì mi a' bheinn bheag 's a' bheinn mhór,
 A mhoighdeannan 's a mhàthan òg,
 An cuala sibh mar dh'éirich dhòmhs'
 Stoigh go acarsaid na Sròm?⁵⁵
 Bhrist an t-slat 's gun shrac i an seòl.
 Thuit na croinn anns a' chuan mhór,
 Thuit na b' fhaide liùm na seòid.
 Mac mo mhàthar rinn mo leòn
 A bhith an druim a' chuain gun deò.
 'Illean, biomaid cridheil, còir,
 Cuireamaid air chùl am bròn.
 Cha chum caoineadh daoine beò.
 Tadhlamaid ann as taigh òsd
 Dh'òl deoch-slàinte na bheil beò.
 Lìon an siola far an stop.

Tha an tionndadh seo gu math coltach ris an fhear a nochd ann an *Hebridean Folksongs*, iom-leabhar a h-aon, agus ged nach eil fios againn mun fhonn air an deach an t-òran a ghabhail, cha mhòr nach eil e cinnteach gur e an aon òran a th' ann. 'S e an diofar as motha eatarra gu bheil barrachd fiosrachaidh anns an tionndadh seo mu àitean, le iomraidhean air Muile, a bharrachd air an Eilean Sgitheanach, Cinn t-Sàile, agus cladaichean Loch Carrann, far an do thachair an tubaist, co-dhiù a rèir faclan an tionndaidh seo. Air sàillibh an fhiosrachaidh seo, tha seansa ann gur ann bho na h-eileanan a-staigh a thàinig an t-òran bho thùs, ged tha e duilich ri ràdh leis na h-òrain luaidh a bha, gu math tric, beò air bilean an t-sluaigh thar iomadh ginealach agus a shiubhail, coltach ris an fhear seo, gu tòrr diofar àitean. Coltach ri tionndadh MhicFhionghain agus an tionndadh ann an *Hebridean Folksongs*, tha an t-òran a' crìochnachadh leis an fhaire ann an taigh-òsta, ach tha comhairle anns an tionndadh seo mu mar bu chòir do dhaoine a bhith a' dèiligeadh ri bàs: cha toir caoineadh na mairbh air ais, agus bhiodh e na b' fheàrr a bhith a' smaointinn air an fheadhainn a tha beò.

Chan eil e soilleir cuine no ciamar a thog MacFhionghain an t-òran. Mar a chunnacas, bha an t-òran aithnichte ann an Uibhist, ann an Èirisgeidh agus ann am Barraigh, ach cha robh ceanglaichean teaghlaich no coimhearsnachd aig MacFhionghain ris na h-eileanan seo, agus is coltach nach robh Fear Chanaidh eòlach air tionndadh eile dhen òran. Nuair a chuir MacFhionghain *Mac-Talla* air bhonn ann an 1892, bha e a' fuireach ann am baile Shuidni, agus bha na litrichean aige gu Fear Chanaidh a' dèanamh soilleir gun robh e fhathast ann am baile Shuidni ann an 1932, ged is coltach bho na litrichean gun do thill e a dh'fhuireachd ann an Dunakin agus an uair sin ann an Hogoma mun bhliadhna 1933. Le sin, bha MacFhionghain ann am baile Shuidni fad mu dhà fhichead bliadhna, agus bha e gu math eòlach air a' bhaile.⁵⁶ Bha Gàidheil gu leòr bho air feadh eilean Cheap Breatainn agus bho tìr-mòr Alba Nuaidh ann am baile Shuidni nuair a bha MacFhionghain ann. Chan eil mòran fios againn mu bheatha MhicFhionghain ann am baile Shuidni, ach is dòcha gun do thog e an t-òran anns a' bhaile bho chuideigin le ceanglaichean sinnsireil ri Uibhist, ri Èirisgeidh, no ri Barraigh, agus bha gu leòr dhiubh sin ann.

⁵⁵ Gur dòcha gur e seo am baile beag air cladaichean Loch Carrann, Rois an Iar, ach tha àitean eile anns na h-Eileanan an Iar air a bheil an t-ainm seo, cuideachd: faic *Am Faclair Beag*, agus dean lorg airson 'An Sròm'.

⁵⁶ Gu dearbh, sgrìobh e eachdraidh a' bhaile, ann am Beurla; faic Jonathan G. MacKinnon, *Old Sydney* (Sydney, C.B.: Donald MacKinnon, 1918).

Ach tha e nas coltaiche gun d' fhuair MacFhionghain an t-òran anns a' choimhearsnachd aige fhèin agus, is dòcha, anns an dachaigh aige fhèin nuair a bha e òg. Mar a chunnacas mu thràth, bha na h-òrain Ghàidhlig pailt anns an dachaigh aige nuair a bha e òg,⁵⁷ agus taing do chruinneachadh a rinn Catriona Dhùghlas (1893–1965) ann an sgìre Thròndairnis, air taobh tuath an Eilein Sgitheanaich, tha fhios againn a-nis gun robh an t-òran seo ri fhaighinn anns an sgìre sin, sgìre gu math faisg air an sgìre às an tàinig pàrantan MhicFhionghain, cuideachd. 'S e nighean Iain Mhic an Aba a bha ann an Catriona, agus coltach ri a h-athair, bha i ri bàrdachd. Gu dearbha, bha Clann-an-Aba aithnichte thar grunn ghinealach mar bhàird.⁵⁸ Nuair a chaochail i, thug Seumas Dùghlas, an duine aice, na làmh-sgrìobhainnean aice dhan Urr. Dòmhnall Buidse, a chuir an clò taghadh dhe na h-òrain agus na dealbhan-cluiche airson cloinne a rinn i, ged nach b' urrainn do Bhuidse rudan eile anns a' chruinneachadh fhoillseachadh.⁵⁹ A rèir Bhuidse, thòisich Catriona a chruinneachadh seann òrain a bhiodh i a' cluinntinn am measg sluagh na sgìre goirid as dèidh dhi sgoil Thròndairnis, sgoil anns an robh a h-athair na cheannard, fhàgail, agus chùim i oirre fad iomadh bliadhna as dèidh sin. Cha bhiodh i a' cruinneachadh ach seann òrain nach robh riamh ann an clò agus a bha ann an cunnart a dhol à bith. A bharrachd air na faclan, chuireadh i sìos air pàipear fuinn nan òran. Uile-gu-lèir, bha suas ri trì fichead òran anns a' chruinneachadh.⁶⁰ 'S e 'Annag a' ghaoil' fear dhiubh, a nochd air taobh-duilleige 38 dhen chruinneachadh. 'S e seo am fiosrachadh a sgrìobh Catriona sìos mun òran: "Traditional air + words taken down from the singing of Mary Nicolson of Cnoc Ruairidh, Kilmuir, Skye. This song though very tragic, was used as a Waulking Song in this district. Very ancient". Agus 's e seo na faclan:⁶¹

Annag a ghaoil, *hao il ó*

Ho il obha, Hao il ó

Annag a ghaoil, *hao il ó*

'S fhada bhuam a chì mi 'n ceò
An cuala sibh mar dh'éirich dhomhs'
Mach 's stigh mu leachd an Stòir
Bhrìst an t-acair, 's rac⁶² an seòl
Chaill mi an t-airgiod is an t-òr
Chaill mi, na b' fhaide leam, na seòid.

Tha an aon shèist, gu ìre mhòir, air an tionndadh seo agus air tionndadh MhicFhionghain, agus coltach ris an tionndadh aig MacFhionghain, tha an tionndadh seo gu math goirid. Anns an dà dhòigh seo, tha an

⁵⁷ Litir bho MhicFhionghain air 13 An Lùnastal 1937: Canna House Archive, CH2/1/1/14/48. Thuirt MacFhionghain gun cuala e grunn sgeulachdan Gàidhlig nuair a bha e òg, cuideachd, ach cha chuala e sgeulachdan leithid 'na Muileartaich' (thug e iomradh air 'Muileartach'); is dòcha gun robh e a' ciallachadh Duan na Muilidheartaich, agus tha gu leòr eisimplearan dhen duan seo ann an dualchas na Gàidhlig (ged 's e duan a th' ann, seach 'sgeulachd').

⁵⁸ An t-Urr. Dòmhnall Buidse, 'Baird an Eilean Sgitheanach, Clann-an-Aba, Throdairnis', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 48 (1972–4), 584–601.

⁵⁹ Dòmhnall Budge (ed), *Na h-Orain is an ceol gu h-uile Catriona Dhughlas* (Dunbheagan: Dòmhnall Budge, 1971); agus *Pein-Ora. Dealbhan-cluich, le an cuid ceol, Orain agus Oraidean. Freagarrach airson na cloinne.* (Dunbheagan: Dòmhnall Budge, 1972).

⁶⁰ Buidse, 'Baird an Eilean Sgitheanach', 600. B' e 'Fior Sheann Orain Taghta le an Ceòl a chaidh an cruinneachadh ann an Tròdairnis an Eilean Sgiathanaich, le Catriona Dhùghlas' an t-ainm a thug i air a' chruinneachadh seo.

⁶¹ Tha mi fada an comain Anna Mhàrtainn, Tròndairnis, a tha na seinneadair aithnichte agus na beul-aithrisiche aig a bheil làmh-sgrìobhainnean Catriona Dhùghlais a-nis, a thug dhomh leth-bhreac dhen duilleig air a bheil an t-òran anns a' chruinneachadh.

⁶² Srac.

dà thionndadh eadar-dhealaichte bho na tionndaidhean ann an *Hebridean Folksongs* agus ann an leabhar K.C. Craig. Ach, a bharrachd air an t-sèist, chan eil ach dà loidhne a tha coltach ri loidhnichean anns an tionndadh a bh' aig MacFhionghain, 'An cuala sibh mar dh'èirich dhomhs', agus 'Bhrist an t-acair, shrac an seòl', agus tha an dà loidhne sin ri fhaighinn anns na tionndaidhean uile. Tha a' chiad loidhne anns an tionndadh seo, 'S fhada bhuam a chì mi 'n ceò' ri fhaighinn anns na tionndaidhean eile bhon t-seann dùthaich ach chan eil e ri fhaighinn ann an tionndadh MhicFhionghain. Tha dà loidhne anns an tionndadh seo bho Thròndairnis agus anns an tionndadh aig MacFhionghain a tha a' tòiseachadh anns an aon dòigh, leis na faclan 'chaill mi', ged tha na rudan a chailleadh eadar-dhealaichte anns an dà thionndadh. Anns na tionndaidhean eile bhon t-seann dùthaich, chan eil an loidhne seo ann an tionndadh Thròndairnis, 'Chaill mi an t-airgiod is an t-òr', ri fhaighinn idir, ach tha loidhnichean anns na tionndaidhean sin anns a bheil na faclan 'na b' fhaide leam, na seòid'. Mu dheireadh, chan fhaighear an t-iomradh air leac an Stòrr ann an tionndadh sam bith eile: tha seansa ann gun deach seo a chur ris an òran gu h-ionadail ann an Tròndairnis no anns na sgìrean mun cuairt gus an t-òran a shuidheachadh anns an sgìre anns an robhar ga sheinn. Eu-choltach ri gach tionndadh eile, chan eil iomradh sam bith anns an tionndadh aig MacFhionghain air àitean sònraichte, agus is beag an t-ioghnadh sin, oir, thar ùineadh, cha bhiodh Gàidheil Cheap Breatainn cho eòlach air àitean ann an Alba.

Mu dheireadh, chan eil fonn an òrain ann an diofar sgìrean a' toirt dhuinn cus fianais mun cheangal eadar na tionndaidhean, ach gu bheil, mar a thuirt mi roimhe, shuas, ceangal air choreigin ann eatarra uile. Tha an seinneadair Anna Mhàrtainn, bho sgìre Chille Mhoire anns an Eilean Sgitheanach, air clàradh a dhèanamh, stèidhichte air an fhonn ann an làmh-sgrìobhainnean Catriona Dùghlais.⁶³ Ged tha an clàradh de MhacFhionghain ann, chan eil ri fhaighinn air Tobar an Dualchais no ann an àite poblach sam bith eile. Chuala mi an clàradh a rinneadh le MacFhionghain⁶⁴ agus tha am fonn gu math coltach ris an fhonn air na tionndaidhean eile, gu h-àraidh ris an fheadhainn bho na h-Eileanan an Iar. Chan eil sin na dhearbhadh nach do thog MacFhionghain an t-òran aig an taigh, no anns an sgìre dhualchasaich aige ann an Dunakin is Hogoma; tha seansa ann gun do dh'atharraicheadh am fonn beagan ann an Tròndairnis eadar an t-àm a dh'fhàg parantan MhicFhionghain an t-eilean, ro mheadhan an naoidheamh linn deug, agus an t-àm a thug Catriona Dhùghlas sìos e, tràth san fhicheadamh linn, is coltach.

Gus co-dhùnadh a dhèanamh, ged tha rudan anns an tionndadh aig MacFhionghain agus an tionndadh a chuala Catriona Dhùghlas ann an Tròndairnis a tha coltach ri chèile, tha diofaran cudromach eatarra cuideachd, agus bhiodh e doirbh a ràdh gu bheil dlùth-cheangal eadar an dà thionndadh seo. Ach, tha tionndadh Thròndairnis na fhianais gun robh an t-òran seo ri fhaighinn air an taobh tuath dhen Eilean Sgitheanach, agus tha deagh sheansa gur ann tron eilean sin, agus tro theaghlach MhicFhionghain no tro mhuinntir na coimhearsnachd aige a thàinig an t-òran gu MacFhionghain. Bhon a' chiad chruinneachadh de bheul-aithris a dheasaich Iain Seathach,⁶⁵ tha ùidh air a bhith aige ann an tar-chur beul-aithris—ciamar agus cò bhuaithe a thog na beulaichean air an robh na cruinneachaidhean aige stèidhichte an cuid beul-aithris agus òran—agus bha e an dòchas gum faigheamaid barrachd eòlais air cò às a thàinig cultar nan Gàidheal an Ceap Breatainn bho thùs agus na dòighean a bhite ag aiseag fiosrachadh cultarach bho ghinealach gu ginealach anns na

⁶³ <https://youtu.be/npkroWrV034?si=B9CFnF6vy6oTR3rl>.

⁶⁴ Bu mhath leam mo thaing a thoirt do Fiona J. NicCoinnich, a bha na tasglannaiche aig Taigh Chanaidh, a thug dhomh cothrom èisteachd ris a' chlàradh.

⁶⁵ Margaret MacDonell agus John Shaw, *Luirgean Eachainn Nill: A Collection of Folktales Told by Hector Campbell* (Steòrnabhagh: Acair, 1981).

coimhearsnachdan beaga dùthchail ann an Gàidhealtachd Alba Nuaidh.⁶⁶ Tha eachdraidh an òrain ‘Annag a’ ghaoil, hao ill o’ a’ toirt dhuinn co-dhiù beagan a bharrachd fiosrachaidh a thaobh nan ceistean seo.

A bharrachd air seo, tha an clàradh a’ toirt dhuinn fiosrachadh luachmhor mu MhacFhionghain fhèin. ’S e duine a choisinn cliù mar chuideigin a bha air a bhogadh ann an dualchas sgriobhte, mar neach-deasachaidh agus foillsichear, sgrìobhadair roisg, agus eadar-theangair. Ach mar a mhinich e fhèin, bha an dachaigh teaghlaich aige loma-làn òran, agus is dòcha gu bheil an t-òran seo na dhearbhadh gun tug an t-ionnsachadh òg aige aig an taigh buaidh air a mhair fad a bheatha.

Mu dheireadh, fiù ’s nuair a thàinig Fear Chanaidh agus Mairead Fay Sheathach dhan sgìre ann an 1937, bha a’ chànan agus an dualchas air lagachadh ann an Hogoma, Dunakin, agus na sgìrean mun cuairt—tha fios againn gun tàinig crìonadh mòr agus cas air a’ Ghàidhlig air feadh Cheap Breatainn anns na 1930an⁶⁷ – agus ’s e glè, glè bheag dhen chànan is dhen chultar a tha air fhàgail anns na sgìrean seo an-diugh. Le sin, tha an clàradh a rinn Fear Chanaidh cho priseil dhuinn, oir thug e dhuinn sealladh, ge b’e cho beag, air dualchas Gàidhlig nan sgìrean seo. ’S e Iain Seathach a chuir ris an tuigse againn mu dualchas nan òran anns na sgìrean seo. Mar phàirt dhen phròiseact a dhealbhaich Iain agus a thug e gu buil, ‘The Nova Scotia Gaelic Folklore Project’ (1978–83), rinn e clàraidhean le dithis anns na sgìrean seo: Jenny NicNeill ann an Gleann Ainslidh (ceithir òrain), agus Murchadh MacGill’Ìosa, An Gleann Sgitheanach (sia òrain). Tha sinn air leth fortanach gun do rinn Fear Chanaidh agus feadhainn eile, gu sònraichte Iain Seathach, an uiread de dh’obair-rannsachaidh is obair-chlàraidh ann an Ceap Breatainn, agus gun do rinn Catriona Dhùghlas anns an Eilean Sgitheanach, a thug dhuinn fianais luachmhor mu eachdraidh ‘Annag a’ ghaoil, hao ill o’ anns an eilean aig an robh dlùth-cheanglaichean aig Eòin G. MacFhionghain.

English Summary

Visiting Cape Breton, Nova Scotia, in the 1930s, John Lorne Campbell became aware of the rich heritage of Gaelic song and culture brought to Canada by Scottish settlers. This article examines Campbell’s relationship with an industrious and influential Canadian Gael: Jonathan G. MacKinnon (Eòin G. MacFhionghain, 1869–1944), writer, translator, and editor of the Gaelic weekly *Mac-Talla*. In addition to describing their friendship, the author discusses a fragmentary waulking-song, *Annag a Ghaoil, hao ill o* (‘Anna my love, hao ill o’), which Campbell recorded from MacKinnon in 1937 – a song that he later mentioned in the first volume of *Hebridean Folksongs* (1969), and eventually published as the first item in his anthology of Cape Breton songs, *Songs Remembered in Exile* (1990).

TÙSAN

Am Faclair Beag. <https://www.faclair.com/index.aspx>.

Budge, Domhnall (ed). *Na h-Orain is an ceol gu h-uile Catriona Dhughlas*. Dunbheagan: Domhnall Budge, 1971.

Budge, Domhnall (ed.). *Pein-Ora. Dealbhan-cluich, le an cuid ceol, Orain agus Oraidean. Freagarrach airson na cloinne [Songs and dramatic sketches. For voice or voices and piano]*. Dunbheagan: Domhnall Budge, 1972.

⁶⁶ MacNeil agus Shaw, *Tales until Dawn / Sgeul gu Latha*, xviii.

⁶⁷ Elizabeth Mertz, ‘Sociolinguistic creativity: Cape Breton Gaelic’s linguistic “tip”’, in *Investigating obsolescence: Studies in language contraction and death*, ed. Nancy Dorian (Cambridge: Cambridge University Press, 1989).

- Buidse, An t-Urr Dòmhnall. ‘Baird an Eilean Sgitheanach, Clann-an-Aba, Throdairnis’ *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 48 (1972-4): 584–601.
- Campbell, John Lorne. *Songs Remembered in Exile*. Aberdeen: Aberdeen University Press, 1990.
- Campbell, John Lorne. *Sgeul an Draoidh eile*. Dun Phàrlain: I. B. MacAoidh, 1938.
- Campbell, John Lorne, and Francis Collinson (luchd-deas.). *Hebridean Folksongs I: A Collection of Waulking Songs Made by Donald MacCormick in Kilphedir in South Uist in the year 1893*. Oxford: Clarendon Press, 1969.
- Chaimbeul, Màiri Sìne. *Iain mac Mhurchaidh: The life and work of John MacRae, Kintail and North Carolina*. Glasgow: Scottish Gaelic Texts Society, 2020.
- Craig, K.C. (fear-deas.). *Órain Luaidh Màiri nighean Alasdair*. Glasgow: A. Matheson, 1949.
- Dwelly, Edward. *The Illustrated Gaelic-English Dictionary*. Edinburgh: Birlinn, 2001.
- Dunn, Charles W. *Highland Settler: a portrait of the Scottish Gael in Nova Scotia*. Toronto: University of Toronto Press, 1953.
- Fear Chanaidh [John Lorne Campbell]. ‘Mac Talla’, *An Gàidheal*, vol. 45, Jan. 1950.
- Gillies, William. ‘The Form of Scottish Gaelic Poetry’. In *The International Companion to Scottish Poetry*, edited by Carla Sassi. Glasgow: Scottish Literature International. 2015.
- Johnson, William. *Skye Island, &c.* Edinburgh: J. Thomson & Co., 1820. <https://maps.nls.uk/atlas/thomson/514.html>.
- Macdonald, Norman agus Cailean Maclean (fir-deas.). *The Great Book of Skye: From the Island to the World, People and Place on a Scottish Island*. Portree, Isle of Skye: Great Book Publishing, 2014.
- MacDonell, Margaret (ed.), and John Shaw (transl.). *Luirgean Eachainn Nill: a collection of folktales told by Hector Campbell*. Stornoway: Acair, 1981.
- MacDougall, Hector. *Smeòrach nan Cnoc ’s nan Gleann / The Songster of the Hills and the Glens*. Glasgow: Alexander MacLaren & Sons, 1939.
- MacFhionghuin, Eòin G. *Far am bi Gràdh, bidh Dia*. Sydney, C. B.: Donald MacKinnon, 1924.
- Jonathan G. MacKinnon. *Old Sydney*. Sydney, C. B.: Donald MacKinnon, 1918.
- MacKinnon, Jonathan G. *An Triùir Choigreach*. Sydney, C. B.: Donald MacKinnon, 1944.
- MacNeil, Joe Neil, and John Shaw. *Sgeul gu Latha / Stories until Dawn: The World of a Cape Breton Gaelic Story-teller*. Montréal: McGill-Queen’s University Press, 1987.
- MacPherson, Flora. *Watchman Against the World: The Story of Norman McLeod and His People*. Halifax, N. S.: Breton Books, 1993.
- Mertz, Elizabeth. ‘Sociolinguistic creativity: Cape Breton Gaelic’s linguistic “tip”’. In *Investigating obsolescence: Studies in language contraction and death*, edited by Nancy Dorian. Cambridge: Cambridge University Press, 1989.
- Perman, Ray. *The Man Who Gave Away His Island: A Life of John Lorne Campbell of Canna*. Edinburgh: Birlinn, 2010.
- Ross, James. ‘The Sub-Literary Tradition in Scottish Gaelic Song-Poetry’. *Éigse* 7 (1953–55): 217–39.
- Shaw, John. ‘A visit to Canna, South Uist and Barra in 1961’. *West Highland Free Press*. January 12, 2022. <https://www.whfp.com/2022/01/12/tobar-and-dualchais-a-visit-to-canna-south-uist-and-barra-in-1961/>.
- Shaw, John. ‘Memories of Glendale, Nova Scotia in 1963’. *West Highland Free Press*. January 29, 2025. <https://www.whfp.com/2025/01/29/tobar-an-dualchais-memories-of-glendale-nova-scotia-in-1963/>.
- Shaw, Margaret Fay. *Folksongs and Folklore of South Uist*. London: Routledge and Kegan Paul, 1955.

ROBERT DUNBAR

Shaw, Margaret Fay. *From the Alleghenies to the Hebrides: an autobiography*. Edinburgh: Birlinn, 1999.

Tobar an Dualchais, <https://www.tobarandualchais.co.uk/>.